Leis a stairn bha na claigan,
Dfhas an Raidhad Cam dha.
Ho ro ha gnn leannan, &c.

IV.

Chai thu don n Mhargadh bha taobh shise
A Cheanach Luaidh a mharbhadh shinnadh,
Chail thu Seoannaid ans na digen,
'S bha thu sgìe ga heandrain,
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

V.

Se Nial Caimball a bha dilis,
Ghabh e camber s morran Milachd
Thug e gad leis as' a ghiasich,
'S dhiar e dig an daim dhi.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

[TD 77]

VI.

Lisie Chaimball Bhaile-mhulin,
Chuir i faoilt air Join Mac Mhuirrich,
Thug i broan da ais a buidal,
'S Chaidh a churachd cam air.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

VII.

'S tu sar eanadair na dacha
Bhi tu sealg air tigh gach grudier
San's a Bhotal bhi an Fuder,
'S Druag anns a chean dhe.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

VIII.

Na uile dhuin uasal ann's an duich
Mur sin agus Bhalter, Eubhin,
Iad aig gabhail sgeul mun uirech
Thinidh a chuir na Frainga.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

[TD 78]

IX.

'S tu sar ghìmanach a ghunna
Dfhamisa tu neas choil nam Bruchag

'S bu tric aig eala nan tunag,
Ma shlugan an daim thu.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

X.

Bu tric leat a bhi air tuillin,
Anns an dig aig tigh a Mhuillein
'S loisge tu urachair man bhuidal
Air mullach na gantri.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

IX.

Donacha Cleairach an Dailluinne
Ghabhail sgeul mu Jaon Mac Mhuirich,
Nis fon dhealich ruit do ghunna,
'S duiliach mi mud chaldach.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

[TD 79]

XII.

'S imaidh Tallamh Dearg,
'S Clachan a Phnrich thu do chasan
Nios is sios air feadh na faiche
Stu cleachd ris an Fhrangach.
Ho ro ha mi gun leannan, &c.

XIII.

Gur he an Griasich Mac Mhuirich
Fhuair a dheachin aig Dhailluine,
Nios is sios air feadh a churrich,
'S cha b' ullair dha Lander,

Ho ro ha mi gun leannan
'S duilich leom a tus an earich
Ho ro ha mi gun leannan
Dfhas na fearadh gann oirn.

[TD 80]

Oran chaidh Dhianadh do Ghillian Dfhalbh air Chuan.—Air fonn.

Gle mhochra Didonich mar nach Dordich, am Focal.

I.

'S Ach Neil Mic Lugas,
Fo Glenn-darual nam bradan,
'Se mo Ghuidh le durachd,
Gum a Sundach Dhuit aisig
Nis fon thog thu na suil
Ris an stuart air aster
Slan gun pill thu do chursa
Thunn do duchadh air thais orn.

II.

Sar Mharrich Cuann
Air barr na n stuoadh-cha ba tais thu
Gad a sheadidh e cruadh,
Cha bi do dhual bi gealtach
Gad bhidh an fhairge na cruachan

[TD 81]

Thar a Ghualin ga maistradh
Bhi tu m barr nan Crann luanich
Cuir nam fuar Bhreid am Pasgadh.

III.

Roin mi Dichuin air thus
'S gu bheil mi duimach mar a thacher
Com am faginn am Brunach,
'S an Cruoidh Chuis nach bu tais e
Fleasgach earachdail cluitach,
As an duich b' ait leom,
Cha bu Choiriadh burd e
Gu be a dhuiscadh ort ascoin.

IV.

Cha bo mheas air an stuir thu
'S i gu Sundach fo aster,
Gad sheadadh e duamhail
Suas na dhu gleannabh farsing
Fhad fa mhairadh na suil dhut,
'S Chart uile bi ra fhaichdin,
Bha thu earbsach ad chursadh,
Gad a lubadh na slatan.

[TD 82]

V.

Gum a slan don a Fleasgiach,
Soiras dheas doibh gu calladh
'S Annas og Mac n Leistair,
Gu bhi Freasdal an drama,
Gilli a luadhar gun Iesgan,
Nach gabh ghelt robh gharbh Fhrasachd
A Dhianabh shesadh le Cruadal,
Dfhainnan fuas gan tachear.

VI.

Gum bu mhadh air an rop thu
Nam na scoid bhi gan tenadh
Gad a sheidadh e domhal
Bha thu eolach ma Freasdal,
Fad sa mharidh dhuit corcach
Edar sgoid 's buil bhairte,
Stu gun dianabh a seoladh
Eider an Tolaint is Britain.

[TD 83]

JURAM.—Air fonn.

Hi r ri ho rail o rail ocho rail o
Hi r ri ho rail o mo Nighn don 's boichadh.

A Ghruagach air am bheil an loin,
Cha bhi mis ruit an foil
Nail a shuillin leat choil
Gad a bhidh an oich roit an.

Hi r ri ho rail ho, &c.

II.

'S, tim domh fhin bhi choir umam,
Togal ris an ari mhulich,
Far an dfhag mi ann a chruinag,
'S cull buidh mar or orradh.
Hi r ri ho rail ho, &c.

[TD 84]

III.

Tharladh dhomh bhi 'n letier Beann,
'S tamol ann an Insadh gall
'S imad te gan dfhuair mi caint
San tha mi n geall air morag.
Hi r ri ho rail ho, &c.

IV.

Gruagach og a 's guiramadh suile
'S eadrom do cheum air an druichd
Gum b'fhearr leam fhein na mile crunn,
Gun durichde tu Pog dhomh.
Hi r ri ho rail ho, &c.

V.

Do shuil mar dearcag an roach,
Gnuis cannach 's malladh a choil
'S mor thug mi dhuit do gaol
N uair bha mi edrom gorach.
Hi r ri ho rail ho, &c.

[TD 85]

VI.

Soidach corranach an gaol
A thug mi a Bhannarach nan laodh,
B' ait leom bhi sint rid taobh,
Is sinn a raon cho dheonach.
Hi r ri ho rail ho, &c.

VII.

N uair theid an Nidhel air gleas,
Dhamhsa tu air urlar rea,
Calapa cruin bu luar ceum,
Smo chridhe leam nad chomhal.
Hi r ri ho rail ho, &c.

VIII.

A croabh aubhal 's ailidh sealladh
Tha do gruadh mar chaorin magann
Slis cho mien ri snuadh na h eala,
Na mar channach Lontichen.
Hi r ri ho rail ho, &c.

[TD 86]

IX.

An oidh gheal ghasa mar Bhein,
Dheis an sneachd a churr gu teann

A dfheannan i fo sceann gach Mheall
Thar bargach beann s morthir.
Hi r ri ho rail ho, &c.

X.
'S imad mais thair mo ghrabh,
Tha i dirach fonidh ard
Calapa cruin an stocdie ban
'S do bhraidh gheal mar Noinan.

Hi r ri ho rail ho o cho rail o
Hi r ri ho rail o mo nighn Donn 's Boish.

Marbh Rann do dhuin uasal a Chaidh bhatha, Air abhuin.

I.
SGEUL a Chualas air mhaduin
A dh fhag luaneach mi m' aigne,

[TD 87]

Mun oganach ghasa ar mor beud,
Sgeul a Chualas, &c.

II.
Gle anmoch san fheasgar,
Dol tiomcheal na h' easpachd,
'San a thug thu mi fhreastel ort fein,
Gle an moch, &c.

III.
'S truagh nach d' thaing gu'd theasruig,
'S an uair sin Chaidh seachad,
Daoin uaisle ged ghlacadh dhoibh fein,
'S truagh nach, &c.

IV.
'Se dhfhag sinne dhe dubhach,
Dol a dfh' iasgach nan struithean,
Le leubaichean duthadh an eisg,
'Se dh' fhag sinne, &c.

V.
Dol a thoghail do dhuchadh
Dhol a dh' iaruidh do ghuilain,

[TD 88]

Dh' fhag sud criodhachan bruite aguin fein
Dol a thogail, &c.

VI.
Ach mo thruaidh an cinneach,
Air an d' thainig s nach gineadh,
O nach d' fhuair iad diot iomart fir leadh,
Ach mo thruaidh, &c.

VII.
Gun do chraidheadh do ghineal,

'S do mhathair gu h' inich,
Tha t' athair an ion dol a cheil,
Gun do chraidheadh, &c.

VIII.

Tha do Brathair dhe bronach,
'Sdo pheathraichean ogadh,
Bhi gad thasgaidh an seomar leat fein,
Tha do Mhathair dhe, &c.

IX.

Aodon chiop an toabh shuas dinn,
Fo mhulad sa smuaircan,

[TD 89]

Tha bhean og air a buaridh o ceil,
Aodan chiop, &c.

X.

Tha Baran Manesadh,
Fo bhron scha' n 'eil ceist ann
O nach faidh thu am feasd air each Srien,
Tha Baran, &c.

XI.

Tha thu Cairdaich Mhac Cailan,
'S do n Jarladh tha m Bealach
Mac Don Mheinearach leanadh thu fein.
Tha thu Cairdach, &c.

VII.

Tha thu lus mhorbhair Hundiedh,
'S mic a Naba on ghiusaich
Jarladh Throt fo m bu Shuntach each Srien
Tha thu lus, &c.

[TD 90]

XIII.

San aig Eaglais a Chaipaig
A fhuaradh an Gaisgeach
'S gu be sud an og aigeannach trean.
San aig, &c.

XIV.

Se do Chorp a bha lau gheal,
Si do ghruaidh bu mhor naire,
Calapa cruin fo m bu tabhachdach ceim.
Se do Chorp, &c.

XV.

Lamh threun air chul gunna,
Cas dhireadh a mullaich
Marbhaich bric thu air Buinne le leas
Lamh threan, &c.

XVI.

Coma 'n gabha fibh ardan,
Ge d' bhuaineadh an t' ard Righ,

Ubhal ard as a gháradh dha fein.
Coma 'n gabha, &c.

[TD 91]

XVII.
Ge do ghearradh e meangan
'S mear eile dhe an Cheangal
Righ nan dul bhi ga Choidh gu geir.
Ge do ghearradh, &c.

Marbh Rann do mhnuidh a Chaochal an monadh le sneachda.

I.
'S GUR an feasgar Dimairte
A thainig ghallen a chraidh
'N la mheilich a mhalt bhean choir.
'S gur an, &c.

II.
Ann's a mhonadh so shuas,
A chaochail rudhadh do ghruaidh,
Dh' fhag do neart thu do shnuagh 's do threoir.
Ann's a mhonadh, &c.

[TD 92]

III.
Chuire sneachda stu fluich,
Stad air sruidhean gach cuisle,
'S thanig a' tuil ort na tuilten reoite.
Chuir sneachda, &c.

IV.
'S daor a cheannaich thu chuirm,
'S tu Rag Shinte ri tuilm,
'S cha b' ann ri furrán air furm aig ol
'S daor a cheannaich, &c.

V.
Na bhi freagra do n phort,
Leis gach car bha 'd chorp,
Na damhsa air urlar ri Sundtraich ceoil,
Na bhi freagra, &c.

VI.
Ach fuidh ghailean nan Speur,
Gun aon neach ach do cheil,
Aon is feareile 's e fein ga sheort.
Ach fuidh, &c.

[TD 93]

VII.
Theab e 'n t anam a chall,
Se fuidh chaithe nan gleann,
E mur dhamh ann n' dall chur ceo.
Theab e 'n t anam, &c.

VIII.

Och is ochain mo thruaidh,
'S gearr o bhanis gu h' uaigh
'S gearr o aidhear gu nualan broin.
Och is ochain, &c.

IX.

'S gearr o theinadh gu fuachd
'S gearr o chaidre gu fuath
'S gearr o aiteamh gaoth tuath is roit.
'S gearr o thein, &c.

X.

Och is ochain mo chradh
'S iomad sligh th' aig a bhas
Chum ar tarruin gun dail gu foid.
Och is oehain, &c.

[TD 94]

XI.

Tha tein agus uisg,
Agus Easlainte cuirp,
Funduin uaile agus tuilte reot.
Tha tein, &c.

XII.

Tha creagan is sluic,
Agus Iofrainich Uilc,
Mar ri fiadh bheistin alt nan sgairn.
Tha creagan, &c.

XIII.

Air thi cuir as duinn gach la
Dh' aindeoin spionaidh na cail
Dh' aindeoin geur chuis deaga ghna as seoil
Air thi cuir, &c.

XIV.

Tha cogá nan lann,
Agus farruige na gleann
Tric gar slngadh gun taing sin beo.
Tha cogá, &c.

[TD 95]

XV.

A Righ thoirt aireachais ghraid
Do shiol Adhamh air fad
Man deid air cuir an lathair a mhoid.
A Righ thoirt, &c.

Oran eder Buachel agus Banarach.

Air fonn.

Chruinag nam Bó hi ri u' o'
Chruinag nam Bó tha min deidh ort.

I.

GHATRIENNA Dhonn Nichal bhrideadh,
Air mo Chint 's mor mo dheidh ort,
B' fhearr leom na leabheadh a Biobal,
Cead bhi sintadh ruit ad Leanidh.
Chrúinag nam Bó, &c.

[TD 96]

II.

'S mis Alasdair og Lamon,
Stuirin Bata air cuan na Hearinn
'S gad dheinnin nan t' ulaibh a Phaidh
B' ait leom bhi maran ri Cetie.
Chruinag na Bó, &c.

III.

'S gile do dhead is smine do Bhraidh,
Cha 'n' eil failein annad bhesuin,
'S gur i Banarich a Bhallie,
Gan thug mise an grabh nach treig mi.
Chruinag na Bo, &c.

IV.

Nuair a ghlachtadh tu do chuinnag,
Burrach 's cuman na spredhidh,
Bansadh Bhi geiasdachd ri 'd luinag
Na smeorach air uilinn gheagadh.
Chruinag na Bó, &c,

[TD 97]

Fhreagra na Banairich,

Alasdair mor i ri u o,
'S beg orm do bhost tha mi redh dheit.

V.

ALESDAIR tog dim g' ad sgallais
Stu ri fannaid tha mi learsin,
Gad robh mi a Chuidh gun leannan,
Cha bhi thu ad Chabar am Dheise.

VI.

'S blaomistair thu measg na cuidachd
Cha'n e ludar tha mi 'n Dheidh air
'S Coaslach thu ri Ballach Muilian,
'S Poca mud mhuineal air Leabhein,
Alasdair mor i ri u o, &c.

VII.

'S lurisdeach a dhfhas gun uis thu
Lag air do struile 's lobert Easach,

[TD 98]

Ma tha fear an tobh so Shruila
Cha deaid do Ruise ri m leustein.
Alastar mor i ri u o, &c.

VIII.

Easgan gun lnbh shubab montich,
Troidh nach conard air n Railach
Brog Ghoicach s carr na sroan ort,
'S leathen do spoag ann san eighe.
Alasdar more i ri u o,

Rann chaidh dhianadh do Bhean Tigh Osta, nach robh Sibhailt ri Fear a n
Raidhaid.

I.

THACHIR domh bhi ceann loch ghileb,
S fhuair mi uis air doidh ro cherbach
Aig sagairt lonnach nan ruilag,
Gun ach sgeul gun suim na shearman
'S mor am milachd tha na 'd thalach
Gorsach 's anntlac na hearabul

[TD 99]

'S tric thu marcachd air n' struil
Is Puisan do fhearadh Allba.

II.

Tha i gu bara sgaoildach Allidh
Air lag anidh 's air dhroch eolas
Ceap tuslaidh gu buaridh a Bhallach
Thug thu Buaidh air eallen gu dobhairt,
Tha i eolach air na cleasan,
Tha bu leisg ma thruaidh stoip i
Mercundas an de 's fudhel tomis
A grodach mun duair thu follum.

III.

Goarsech bheg narrach gun riobhelt
A Chaill i Ciall lo toil na feoladh
'S tric a Claon thu 'n duine fialiadh
'S be do mhian bhi lionadh stoip dha
Nuair b' ait leis a bhi Dusgadh
Bhi Droch Cundeas air Phochdad,
Bundachd eagarach an 'e mulidh
Cha robh uidh aig urra choir an.

[TD 100]

IV.

'S maing thu choir an geil do Chroisdachd
'S nach do thoil mi do Dhroch Comhal
'S oileam nach Robh sparr na d glochan
Mun do cost mi ruit mo Comhradh,
Dfherich thu mar Bheao gun riobhealt
Mun dh' eoinachd thu 's gial air doibh dhium
A Shaol thu gur e bha'agad umidh,
Nach turadh ach ni gun eolas.

V.

Osag mhi-narrach a n' Dramadh
Cha b' du charrid a Phocdadh
Stric a mheal thu Fear an Raid

Leis a Chradadh bhan 's na stopen
Nochd thu dhosa Phairt do d' as caoin
'S cha bi n' Cheartes roin thu fholum
Cha dhian mi tuillidh gad Bhruidhin,
Ghobh thu luchd na dobheart.

[TD 101]

Duanag Chaidh dhianadh le fear bha gabhal fadail ann n Erin.—Air fonn.

Ho ro ha mise fo gruoman
Cha n' niona do bh gluasad duilich
'S fad tha mi air chuart ann n Erin,
Dfhag suid mo cheile fo mhullad,
Ho ro ha mise fo gruoman.

I.
'S Fhadalach mi 's mi nam orachd
Leom fhein 's an teomer air mullin,
Thannadh mi ri dianadh orain
Chuiris air fogradh a'm mullad.
Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

II.
Fhuair mi cothrom le lan ordamh
Fodh laimh Chornail air mo chruinag
'S gad tha i do theaghlach Dheorsa
Cha' n èil mi deonach ma cumail.
Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

[TD 102]

III.
'S Righal a chulidh air oigear,
Cota dearg gun sgod e air cumadh
'S Bonnaid Chruin gun chearb ann ordadh
Suachentas Dheorsa na mullach.
Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

IV.
'S lionbhor Cuillan thaig storas
Nach bu tais an a Charrag Buillin
'S nach Obadh gu dhol ann ordabh
Nuair thogbhadh aid srol ls drume.
Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

V.
Righ gur Diumbach mi don Chornal,
Dhalbh e air forlach a Lunnin,
'S mise aig Sentries aig sheomer,
Air mo leon a ghuilan gunna.
Ho ro ha mise fo smuaran.

[TD 103]

VI.
Soridbh uam do n Elan Bhodach,
San bu nois leom a bhi fuirach,
B' ansadh leom bhi an Chadridh morag
Na nighen Deorsa 's ceoil na Druma.

Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

VII.

Ga m fhallain dho nadh fhag mi
Ann san aite dhianin furrich,
Be durachd gun Reachin sabhailt,
Air gach aird am bi mo thurras.
Ho ro ha mise fo gruoman, &c,

VIII.

Gad a thar mi Ribhin Uafal
As an turr uain ann Lunnin
Chá' n 'eil a Comon ach fuaridh
'S failadh na Luadhaidh ga muinnal,
Ho ro ha mise fo gruoman, &c.

[TD 104]

IX.

Tha mi fo lean dubh 's fo smuarin,
Mo beachd cha ghluaser ach dubach,
Mar cullidh nach snamh an uacnder,
Air Luasgan fo ghruaim na Tuinidh.

Ho ro ha mise fo gruoman, &c.
Ha nionadh dhobh gluasad duilich
S fad ha mi air Chuairt an Erine
Dfhag suid mo cheill fo mullad,
'S Ho ro ha mise fo gruoman.

Oran Chaidh dhianadh do Luing. Ga m bann n' Iollaire.

I.

GU bheil mi fo arsnell sa nuair so,
Ma luidh glas Chruoidh sa Channal
Nach Dheaner am fuasgladh,
Gun Ghiamlagin fuaradh.
Aig gillen gan luadh choir an sas.

[TD 105]

II.

'S iomad a las agus croisín is crann
Tha ra crosghadh troidh duthaich nan Gall
Ach na faidhen dol dachie,
Cha thigen air mais ann.
Gum b' fhearr leom dol tharis don Fhraing.

III.

Gad 's fhadadh loidh n' t' aster man quart
Gu dol timchiol ma thua feodh nan ard
Gu m b' fhearr bhi seoladh nan cuan.
Na bhi an taichd ri Bruach sa Chanall.

IV.

Nuair thogte a choladh gu hard,
'S a thaosgadh na sruidhen ma sail
Bu luaidh le suil na leum uisge mullin
Nuair a thoamadh gach glumag bha lan.

V.

Nuair thog sinn gach drochid s'gach s sparr
'S a sgoil sinn gach glas bha n sas
Bha n Jollaire eadrom gu seoladh na gaoidh
Nar fhuair i ma sgaoil na suil ard.

[TD 106]

VI.

Gur in Jollaire a thobh bharron lia ghlas
'S mar Eun thar Enllaidh nam beann,
Nuair a sgaolidh i h iten,
'S gabhadh i clisgadh.
Bhidh farige a bristadh ma ceann.

VII.

Bha cruadal an dán dhuin, Snordadh
Le Piolat gun eolas gun sta
Ruidh churse air a dochair ga seoladh,
Feodh Rocda.
Sinn an duil bhi nar Corpadh air traidh.

VIII.

Nuair choir sinn tachdir air fuaradh
'S na Rocdan a Buladh ra sail
Bha Gillen sa n uair sinn,
Ga feuchen le crudal.
Mon thog aid a' nuas na croin ard.

[TD 107]

IX.

Thuir an sgiobair gu sochdrach sibhalt
Na Cuirt gu tir mi le geole,
Gu fhaidhen Fear iul dhuibh
A sheoladh a Chursadh.
Nach leigte sinn dlu air an traidh.

X.

Nuair fhuair sinn fodh bhairt i sa n am
'S a chuir sinn fodh aodach aodach i teann
Thug i suile air an uaradha,
'S ghabh i n soirbhas na gualin.
Si gun leamadh gu ualach feadh bheann.

XI.

Gur in n' Jollaire am fheir Eallan buach
Gur ualach i dh' adhirid nam beann
Cha do chuir aid air chuan,
Riobh Bata ga tuarem.
Thairnidh dhith fuaradh gun taing.

[TD 108]

Rann roin Fear bha 's n' Tigh osta se fuirrach ris an Aiseag.

I.

'S Math leom nach droin sinn 's a bhailadh
Merachd a thanig fo snard,

Bha Piobear ann 's e gun eallan,
A Coidh cha mholar air Parad
Bha Ceararr do Chubaren Eachann
Soir is Chlacharen 's ceaird,
'S iongantach nach d' roin finn Caraid
'Mhoir s eariad agus Bairde.

II.

Thanig a Minestair na dhiuonadh
Le minachd agus le stuaim
'S a riste san thanaig an Leithaich,
'S bha e air chridh leis an fhuachd
Thaniag Maor a Chornail oirn,
Man dalbh an dónach bhuaibh
'S gum a headh nach dtig an Donnas
Thun a bhaila so Didh-luan.

[TD 109]

Oran Chaidh Dhianadh, do Greasich fhuair a Losgadh 's e air mhisg.

I.

ACH a Sheumis oig Mic Annais,
Bu tu Greasich na Halabadh,
Gad a fhuair an dòrach chearb ort,
Cha bu shearbh s Tigh Osta thu,
Gad a fhuair an Dòrach Cearb ort,
Cha bu Shearb s Tigh osta thu.

II.

An oich bha thu m Port a bhlarich,
Gabh thu a cluich le moran abhachd,
Thug a mhisg dhuit Póg le failte,
Bu neo Chairdal comhail.
Thug a mhisg, &c.

III.

'S duilich leom mar fhuair thu n eacar
Eader an dram a Cean loch Eren,

[TD 110]

Loisg thu 't achdin air na Eabhlan,
'S ioma te bhis brònach,
Loisg thu 't achdin, &c.

IV.

H uile nighen óg san duich,
'S eagal leom gun chur iad cull ruit,
O'n chail thu n toinall sugridh,
Cha bi n uidh gud phosadh.
O'n chail thu, &c.

V.

Tha thu Chinnach nach robh cearbach,
Eadar Blearich 's Clann Annis,
'S gad bhuaibh n Dòrach sgailc ort,
Cha be 't ainm bi 'd Phoitear.
'S gad bhuaibh n Dòrach, &c.

IV.

Thuir a mhisg 's i tobhart sgeul,
'S iomad fear a dfhag mi leas air,

[TD 111]

'S bunnin leom bhi an cul na Cleadh,
Tallamh readh na moitach.
'S bunnan leom, &c.

VII.

'S iomad fear a b' fhearr na Greasich,
Thog mi spuachd air nuair a dfheachda,
Bhidh cri a claigin air le splemas,
Ag iaridh Beul a phochaid.
Bhidh chri, &c.

VIII.

'S h iomad fear a chuir mi n iochdar,
Na chuis bhuid san lón, na shineadh,
Dhianadh spailic s moran strichaint,
Gun dad chli na phoradh.
Gun dad chli na, &c.

[TD 112]

Oran do MAC ILL BHRA, n dhuin.

I.

GRADH don droing linnach,
Mhurnich aignach úre,
Auchdinach Chiutach,
Mhurnicht hagin n cuirt,
Nin nach Criun sa i lodhach,
Fad as gach tabh,
Sar Bhreich an duin,
Gun tug mi mo run a Choidh.

II.

Cha banna ginneadh do nos,
Ruinnadh air lonor a phuil
Na nimoall nan raon,
Ach chruinechda caoin is saoidh,
Ach na gallain a threin,
Tha fallain re glan caoin,
Chuireadh bratach re crann,
Do Lachlan mo graidh s mo ghaoil

[TD 113]

III.

'N uair dh fheridh sibh moch,
Sibh nach iaradh fois na tamh,
'N uair thogta leibh sroll,
Sibh nach obadh ri ceol nan crann,
Lannabh fuaradh nan dorn
Sgiath chruach aig soid nan laimh
Iomairt bhuaighghair na leoir,
Aig daoine uaislidh nach soradh chall.

IV.

Aig daoine uaislidh glan gasda
Nach sòrradh am feachd nan chamb,
Shuibhel mhointeach is Chnochd,
Coille 's gharralach is ghlachd nam beann,
Nach sòrradh an nì
Nan uile mhoralach phriosail aird,
Chuir an Chunart san cás,
Mam bi Uilleam gu brath am fang.

V.

Ach daoine gasd glan ùr
Cho machanta cuin ri mnuidh,

[TD 114]

Cho machanta min,
Ri mnaoidh fo stiom a cinn,
Cho curasdach garg,
Ri curridh nan arm' thoir luinn,
Cho fiallidh ri duic,
Tha Fearrachir an duinn air Chint.

VI.

Tha Fearrachar an aigh.
Gun alladh gun aill,
Gun lub readh plogert a tla,
Uin fhilta gun chealg na ghnuis,
Fiaildh chuasadach dan',
Ceann feonadh don dream smath Cliu,
Dhainean inleachd nan gall,
Stu gun cheann feachda casa chruin.

VII.

Fhir chaismeachd luadh,
Thig do chairden fo thuadh gu deas,
Fir ghrine sglan snuadh,
Thig a Muille nan chuainteabh glas,
Bhein a ghail le luadh,

[TD 115]

Thige thair bhuin nan studh bras
Bhidh iad agud san uair,
Mum bi mulad na gruimean ort.

VIII.

Obheir lhailader fos
Thig air bharantas sheold mach,
Shiol na foladh nach beo,
Gu chormach chonard ceairt,
Pairt a labhairt am beoil,
Bhi ga aris ar bhord le tlachd
Slionmhair caraid san eoil,
A ghabhail an conuidh leat.

IX.

Fho dhol cromba nam beann
Nan creagen s nan gleantibh glas,
Thig an tarmon na dhean'

An charibh nan lann nach tais,
Bhidh sgia laoch nam ball,
Slann dainghean ad laimh ri gaisg,
Churibh sgreabh air a ghall,
'N uair ghabh tu an tairdean bras.

[TD 116]

X.
Clan Join gun chearb,
Shliochd Uillam mhic Fhearcher glas
Bheridh fuil air an t sealg,
Gnr thear e nach earbadh asd,
A cheanaich n drobh
Gun bharant, ach ordaig dheas,
Is phaigh risd gu dearbh,
Le ór agus airgod glas.

IX.
Bi luchd ghabhail an spors,
Air bhraigh nam mor bheann ard,
Gum bu duillach do sheors,
Air damh biorach nan chrochd s nan carn
Bhidh an ruodh bhochd na tein,
Smachd saitich na dheidh ri shail,
Sleon mhar greallach an eidh,
Aig luchd tharinn nam bein ri laithr.

XII.
A ri gum b'airreich sinn,
'N uair gha mith shios gu fain,

[TD 117]

Gad' bhi chearna sgi.
Bhidh deas ghnach gach ti na laimh
Gheabhata furrann an oil,
Agus urram a cheoil a b' fhearr,
Aig luchd nan leadan bu bhoich,
Bheridh freagra don ghloir a b' fhearr.

XIII.
Maridh cheile smaidh dreach,
Bhean reidh an uilt cleachdeich bhain,
Gheabhata felichd gun air,
Fuaim theid ann am fasan chaich
Fhuair gleas air gach bord,
Gun eigin gun leon gun ceas,
Sport gun theighen aig soid,
Nam ligéal nan stop mun chlair.

XIV.
'Se bu chleichein don t seod,
Bhi g ol ar fion mar dheoch,
Ann am faspadh nam mnuidh,
Bu maisich' mion dreach,
'Sud an chomun gun fheall,

[TD 118]

Air am foilleasach gradh gach neach,
Gun fhuath gun alladh nan com,
Ach onair nan fonn le tlachd.

Oran do Long Albanach dam ainm, Polli agus don Chaiphten, leis an do gabh fear nan oran an taiseig.—Air fonn nuair shuithas sinn sochdrach.

I.
DEOCH slainte nan armun',
Leis an dalbh mi air sailadh,
Mho mhaireas mi lathir,
Cha bhi 'n chairdes air chall,
Le long nan seol bána,
Sa chanib; ri croin arda,
Bu shundach am barc' i,
Thair ardidh nam beann,
Thair bharradh nan stuadh,
Gum bu luadh i le cabhaig,
Bha i luanach na chadal,
Ged a gearradh i stran'
Ruidh chuip air gach su,

[TD 119]

'S muir sruladh ma darach,
'S buil uradh gan tarring,
Gus an anairt chuir teann.

II.
Tha n turram aig Polli,
Gu thearnadh nan tonnen,
'S gu dhireadh gu soiller,
Garbh chroma nam beann,
Gur luaidh i fo astair,
Na garbh chapul marchduch,
Cha gherran i n tachdras,
Na airsna bhi fann,
Cha 'n iaradh i earras,
Ach corich is s annart,
Chanib ur ri croinn ghealla,
'S gillen a tarring nam ball',
'S gad liontha a stamaig,
Le garbh clochan ganibh,
Cha chuir cruadal an earrich,
Ra anachdar teann.

III.
Bha na gillen reum cairdeach,
'S an sgiobar gu harid,

[TD 120]

Gum b' ait leom na bhearr thu
Na chàrrin sann rann,
Deadh stiurader sailadh thu
'S fada dfhanichin do Bharc',
'Si na ruidh le suil arda,
'S muir strachda mo ceann,
Be mo dhurachd le chairdes,

Dhuit am fhortan a b' fhearrd thu,
Polli og nighen ann aner,
Bhi ga caradh ruit teann,
'S gum bidh agud a charraid,
An nighen s am bata,
Deadh achdeir is cabull,
'S tu bhi sabhailt gun taing.

VI.

Mic Alastair ghlinich,
Stiuradh Long air an linna.
Dheadh mhaisder nan gillen,
'S tu nach pilladh orr dram,
Bha thu uasal mun Bhotail,
Cha bu mhion leat a bhochdin,
Cha naiceadh iad sprochd ort,
Na choltas bhi gann,

[TD 121]

Gu ma fallan dhuit Pholli,
Le buaidh air an Ollaig,
Tha mi moran ad chomain,
O'n choinich sinn thall,
Chaidh mi tries leat air astuir,
'S tu nach gabhadh bonn frachd uam,
Com nach insin gu ceart e,
Le facol san am'.

V.

Ach Brunich na croisa,
Fleasgach cuin an choltas,
Sar chombanach toirteall,
'S cha be m bodach le sand',
Tha thu n chineach bha sgairteil,
Ga nach chualas riadh masladh,
A Bhrollach chlann Lachlin,
Fo chaisteall nan lann,
N uair thogadh sibh chaismachd
Air chonaird no machrach,
Bhidh air luaidh gorm ascoin,
Ri ghartlain ghall.
Suibh nach pillibh le gealtachd,
Dhai'nnen fuathas gan tachradh,

[TD 122]

'S bhi na Brunich fon bhrataich
'S gum bu taicdel iad ann.

VI.

Mic Allustir chluitich,
Fleasgach earachdail suntach,
Ach mo dheabh thu mo dhurachd.
Gur leat cuis ann's gach geall,
Slan gun ruig thu do dhuich,
Le d shaothach s do chreu leat,
Tha mi earbsach ad chursa.
Thar cuan du ghlas nan glean,
Tha thu suairce le 'd spiorad,

Orm cha suarach do chinneach,
Gum a slan dhuit le 'd ghillen,
Air cuan biolach nan glean,
'S thoir mo bheanachd do Albuin,
On seign dho falbh uait,
Ch' n fhan mi ra sheanachas,
A'mhead'a dhearbhin le caint.

VII.

Le'd Long Albanach innealt,
Ris an earbidh na gillen,

[TD 123]

Stuiradh fairge le iuman,
Thar bar a bhioradh nan crann,
'Nam dhi gluasaid fo astair,
Bhi gach sгод an chruaidh fhasta,
Chiota fairge ga maistradh,
Si gearadh strachda nam beann,
Gillen fearghleasach eallaibh,
Taring rope as gach beannaig,
Sar stiuriche earralach,
Gun mhearachd na laimh,
Gum shundach a thartar,
Leum nan dhu gleannibh glas,
'S i le forum gun airsneall,
O fhuair ascoin gach steall.

CUMHADA Alastair Dhuinn.

I.

'S TROM an luchd so th'air m' inntinn,
Agus m' uirsgeul re innse gur truagh,
Thrial mo shugradh 's mo mhanran,

[TD 124]

Lion tursa na àite mi's gruaim,
Tha mo chail air a maoladh,
'S ni soilleir a shaoil air mo ghruaidh,
'S tearc mo shochdair re fhaoitin,
O'n la ghlaca le aog thu co-luath.

II.

'S ann a chead la don earrach,
Bhual an t eug orm an spealadair lóm,
Bhris air ubhlan mo gháraidh,
Leag e m' abhull fuidh bhla bhar a bhonn,
Riumsa bhuin e neo-fharast,
'N uair thug e uam Alastair donn,
Mo chruas iomairt 's mo chearraichd,
'S truagh dhuinn nach tearuinn sinn bonn.

III.

'S e do cháradh fuidh eislig,
Rinn mo chraladh fuidh osnuch mo chleibh,
Chuir mo chriodh as a chochull,
Chor's nach suithich e sochdair na dheidh,

Gur luaithe le bhuillin,
Na mar ghluaisis an duilleach air gheig,

[TD 125]

Chuaidh mo shlninte gu mearan,
Chá n' eil sta bhi ga ghearran ri leigh.

IV.

'S e bhi' strachdadh air tuillinn,
Chur mo shlaint' an cuntart bochd fan,
Am breislich bhais bhi ga d' amharc,
Ghreis tre m'airnin an t shaidhid gun cham,
Bhris an t shrìan bha re m' aigne,
Dh' fhalbh mo chial chaidh fath m eaguil air chall,
Chuaidh mo ghearaidh gu neoinedh,
Beart a reubaidh mo shonais a bh'ann.

V.

Dhia ollanaich fein mi,
'S mi'n deadhaidh mo cheile bhun diom,
O n la bhuinnig an t eug dhiom,
An Ti 's mo fath m' aoibhnis fuidh Chrìost,
Tha mo bhun ann san treun-fhear,
A d' fhuiling a cheusadh da'r dion,
Ga bheil t anam am Pharais,
S b' e bhi mariut a maireach mo mhian.

[TD 126]

VI.

Tha gach duine do d' chairdin,
Mar ri' d' mhuime 's re d' bhra'rin fuidh bhrón,
'S an aon a Phiuthar a dh fhag thu,
Re sior chumha 's re fasga nan dorn,
Ga bheil fios aig an Ard riogh,
Ga nach fiofraiche cach mar a leon,
Gach aon thi tha mi githin,
Ga bheil an criodhachan craiteach ni 's leoir.

VII.

'S beag an t ionadh mar tha iad,
Mar mhuir Reobairt air traghadh le deoir,
Lha b' e garlaoch na feachda,
Bha sibh 'g aireamh bhi' aguibh mar threoir,
Ach foghlam, cruadal is cleachda,
An fhir-threin bu mhor tapadh san toir,
Da m bu leannan na h uaisle,
Ann ad leanabh; 's gun d fhuair thu i óg.

VIII.

B' e fud Iuran na Glaine,
Bha gu fiuntach fearail a' fas,

[TD 127]

Muirneach, iriosal, suairce,
Sùgach, binn fhoclach buaghach a gach cas,
Fear do choimeas cha chualas,
Thaobh gach subhailic bha fuaite re ghne,

D fhag thu uile fuidh ghruaman,
Gach ti chunairc no chuala do Bhás.

IX.

Bha do threabhantas ullamh,
Ann 's gach feim an na coire tu lamh,
Chor 's nach Cubaire b'urra,
Cuis a bhuinnig do n churaidh gun sgath,
Ge do theiradh luchd mascuill,
Gur h i bhreug cuid is ceairt tha mi radh.
Dhearbh thu fein a bhiodh tapaidh,
Ge do dheire domh tachairt a' m' thamh.

X.

Fhuair thu tuigse an deagh nadair,
Agus gliochdas o ard riogh nan dul,
Ann na ceil bha thu labhara,
Ann na ceud funnan flathoil bha thu,
Ann 's gach ceaird bha thu coisint,

[TD 128]

Ga neo-ardanach foistinneach ciun,
Ort re aireamh bu deacair,
Lron an' caileachd am pearsa non cliu.

XI.

Shuidhich t inntin air cheartas,
Air chinte, fhir reachdair so dh eag,
Leis gach ti bha thu tairneach.
Iochdair, caomh-chairdean, ceart ann s gach feim,
Gu fial, furanach, narach;
Riamh mar chuiridh neo sgathach gun bheud
Leoghun fir fhiach-ail tapaidh,
Teo-chriochach, irisil, macant' am beus.

XII.

Thriall gach sochdair bha agum,
Chuaidh mo chomhnuidh 's mo chadal an laoid,
Tha lion dubh agus airsteal,
Da m tharuing gu leabaidh na m shlaod,
Ga m shior ruagadh nam shlapan,
Dhainndeoin cruaidail na tapaidh gam faod,

[TD 129]

Tha ma ghualadh gun taice,
O n la bhuaile ort slachdan an eug.

XIII.

Chuaidh mo shugradh fuidh lithe,
Gur ciurt tha mo chriodh ann m' chom,
Osnaich thursach dam thoirbheirt,
Blas mo chupain gur seirbh e nan tonn,
Fhir a chruthaich mi 'n ceud uair,
'S a tha stiuradh nan reult os ar ceann,
Orm fuirtich, s cluinn fein mi,
'S tog an luchd sa th'air minntin gu trom.

[TD 130]

<eng>A NEW SONG.

WITH PERMISSION,

Dedicated to the 2d Battalion of Rothsay and Caithness FENCIBLES.

"Tune, HEARTS of OAK."

I.

WHEN the loud din of War first to Arms gave the word,
And each valiant Hero unsheath'd his bright Sword;

[TD 131]

Sir John Sinclair arose, with Heart full of Fire,
And form'd these brave Youths whom the World must admire.

Then with Heart and with Hand
We boldly will stand;
And prove ready, with Hearts firm and steady,
To drive all Invaders away from the Land.

II.

The Sons of Old Scotia each danger can brave,
And with Albion's brave Offspring each Country can save;
Then the French they may boast, but they ne'er can affright,
Tho' at Bantry Bay they should land ev'ry Night.

Then with Heart, &c.

[TD 132]

III.

Such noble Commanders few Regiments can boast,
For merit in Soldiers with them is not lost;
Then let us do Duty, and cheerfully go,
Where'er we're commanded to conquer our Foe.

Then with Heart, &c.

IV.

The County of Armagh has given us the name,
Which few Reg'ments can boast in the Annals of Fame;
Then let Emulation our Bosoms inspire,
To perform such bold Deeds as the brave must admire.

Then with Heart, &c.

V.

To Rothsay's brave Duke fill your glasses around,

[TD 133]

For true Princely Virtues in him there is found;
And under his Banners we'll cheerfully sing
Success to our Colonel, and long live the King.

Then with Hearts, &c.

A NEW SONG,

Composed in favour of a young Man, who fell deeply in Love with an amiable young Girl, of the name of MARY MUNRO.

I.
A Whimsical pain just has caught me,
Much worse than the gout in my toe,
No damsel on earth could have taught me
To love, but th' enchanting MOLL ROE.<gai>

[TD 134]

Rein sheors greim goraich mo glacail,
Nis miosa na niogh ann mo mheoir;
Cha'n'eil chaolin air thalamh ni asig,
Mo gradh dhomh air ais ach MOLL RO.

II.
<eng>When sitting, or chatting, or drinking,
No subject or reason I know;
For the power of my whole heart is thinking,
In praise of the charming MOLL ROE.<gai>

Nam suidhe os chean botill no seanachas,
Cha nanaich mi caint na bun sgeoil;
Tha miathin gu h iomlaine aig chleachuinn,
Gu cleu chur air phearsa MOLL RO.

III.
<eng>In the dance of the couple she's supple,
How graceful and high does she go;
No Englishman ever lov'd pudding
As I do th' enchanting MOLL ROE.<gai>

An's damhsa am bi dis si's tapuidh,
Si's masigha thuiles an rod:

[TD 135]

Cha dtug Sasnugh raimh gaol dho mharuig
Mar thug mise do MOLLY MUNRO.

IV.
<eng>Once I have been a great sloven,
For her sake I'll turn a great beau;
I'll buy a green coat for my cloathing,
And dress for the charming MOLL ROE.<gai>

Bha mi air thus air dhroch chodoch,
Ach bi mi maiseach 's sporsail gu leoir;
Ceanuich mise cota uain gam chodach'a,
Gus am bi mi ann an orduigh MOLL RO.

V.
<eng>Your darts I have stood Mr Cupid,
Oft-times bade a fig for your bow;
He that escapes must be stupid,
From the smiles of enchanting MOLL ROE.<gai>

Do a shaid'e sheas mise a le cunart
Strice chur mi ga ullan ad Bhodh;
Sam fear nach bi ghlachd be n uimidh,
Leisan therc ann's n thuill aig MOLL RO.

[TD 136]

VI.
<eng>Fill up your bowls and be hearty,
Let ev'ry glass of it flow,
Drink a health to the bravest of lasses,
The queen of the classes MOLL ROE.<gai>

Bhidh aguis Boulich an lanna,
'S gloinachen strachd dam beoil;
Deoch slainta na collin'a s ail le,
Si Riobhinn na mnaidh siin MOLL RO.

Comh-dhunadh na Galic.

Air fonn, cumhadh Mhic. Annais oig.

I.
GUR h i 's crìoch arait
Do gach caint fa 'n ghrein,
Go 'r smuainti fhasor
A phartachadh ri cheil';

II.
Ar n intinnin a rusgadh,
Agus run ar cri,

[TD 137]

(Le 'r gnìomh, 's le 'r giulan,)
Surd chuir air ar di.

III.
'S go laoigh ar beoil
A dh' iobra Dhia na 'n dul,
'S i h ard chrìoch mhor,
Go bi toirt dosan cliu.

IV.
'S e 'n duine fein,
'S aon chreatair reasont ann,
Go 'n d' thug toil De dha's,
Gibht le bheul bhi caint:

V.
Go 'n chum e so,
O 'n uile bhruid go leir;
O ghibht mhoir phrìosoils',
Dheilbh na iomhaidh fein!

[TD 138]

VI.
Nam beirte balbh e,

'S a theanga marbh na cheanu,
B' i 'n iargoin shearbh i,
B' fhearr bhi marbh no an.

VII.

'S go h ioma canoin,
O linn Bhabuil suair
A' sliochd sin Adhamh,
S i Ghailic a thug buaigh.

VIII.

Do'n labhradh dhaicheil
An urram ard gun tuairmis',
Gun mheang, gun fhaillin,
Is urra cach a luaigh.

IX.

Bha Ghailic ullamh,
Na gloir fìor ghuineach cruai,
Air feadh a chroinne
Ma'n thuileich an Tuil-ruagh.

[TD 139]

X.

Mhair i fos,
'S cha teid a ghloir air chall
Dh' aindeoiu go,
Is mio-ruin mhor na 'n gall.

XI.

'S i labhair Alba,
'S galla bhodaich fein;
Ar faladh, ar Priunsai,
'S ar diucanna gun eis.

XII.

An tigh comhairl' an Rìgh,
'N uair shuigheadh air beinn' a chuairt,
S i Ghailic liobha,
Dh' fhuasgladh snaim gach cuis.

XIII.

'S i labhair Colum,
Alloil a chionn mhoir,
Gach mith, is maith,
Bha 'n Alba beag is mor.

[TD 140]

XIV.

'S i labhair gaill, is gaidheil,
Neimh-chleirich, is cleir,
Gach fear is bean,
A ghluaiseadh teang' am beul.

XV.

'S i laibhair Adhamh,
Ann a pharraais fein,
'S bu shiubhlach Gailic

O bheul alainn Ebh.

XVI.

Och tha bhuil ann!
'S uireasach gann fa dhi,
Gloir gach teanga
A labhras caint seach i.

XVII.

Tha Laidiunn coimhliont',
Torrthach, teann na s leoir;
Ach si ghlagach thrailleil
I do 'n Ghailic choir.

[TD 141]

XVIII.

Sa 'n Athen mhóir,
Bha Ghreigis corr na tim,
Ach b' ion d'i h ordag
Chuir fa h ór chrios grinn.

XIX.

'S go min slim, boidheach,
Cuirteil, ro bhog liobh',
An Fhraincis loghar,
Am pailis mór gach Riogh;

XX.

Ma thagras cach orr',
Pairt d' an ainfeich' fein,
'S ro bheag a dh' fhagas
Iad do dh' àgh na cre.

XXI.

'S i 'n aon chanoin
Am beul na 'm bard 's na 'n eise,
'S fearr go cáineadh,
O linn Bhabel fein.

[TD 142]

XXII.

'S i 's fearr go moladh,
'S a 's torr-thunnaiche gleus,
Go rann no laoidh,
A tharraing gaoth roi' bheul.

XXIII.

'S i 's fearr go comhairl',
'S go gnodhach chuir go feum,
Na aon teang' Eorpach,
Dh' aindeoin bosd na 'n Greug.

XXIV.

'S i 's fearr go ros, g,
'S air chosamh a chuir duain;
'S ri cruai gh uchd cosgair,
Phrosnachadh an tsluaigh.

XXV.

Ma choiune barr,
'S i 's tabhachdaich bheir buaigh,

[TD 143]

Go toirt a bhàis
Do 'n eugcoir dhaicheil chruaigh.

XXVI.

Caint laidir, rithteach,
Is neimh-liotach fuaim;
'S i seadhoil, sliochdor,
Briosc ghlorach, mall luath.

XXVII.

Cha 'n fheim i iasad,
'S cha mho dh' iarrasuaich;
O 'n tsean mhathair chiatoch,
Lan do chiadamh buaigh!

XXVIII.

Tha i-sein doannan,
Saibhir, maoineach, slan;
A tighean-taisce,
Dh' fhoclabh gasda làn.

[TD 144]

XXIX.

A' chanoin, scapach,
Thaipi, bhlasla, ghrinn?
Thig le tarstar
Nearator, o beul cinn.

XXX.

An labhair shiolor,
Lionor, 's milteach buaigh!
Shultor, brioghor,
Fhiorghlan, chaoi nach truaille.

XXXI.

B' i 'n teanga mhilis,
Bhin fhoclach, 's an dan;
Go spreigeoil, tioram,
Ioroltach, 's i lan.

XXXII.

A chanoin cheolor,
Shoghor, 's glormhor blas,

[TD 145]

A labhair moirshliochd
Scota, is Gaiheil ghlais.

XXXIII.

Sa reir Mhic Comb,
'An tughdar mor ri luaigh!
'S i 's freamhach oir,

'S ciad ghramair gloir gach sluoigh.

CRIOCH.

[TD 146]

[Blank]

[TD 147-170]

<eng>SUBSCRIBERS NAMES.<gai>

[Beurla]